

Sgaoileadh nan Cànanan Gàidhlig

Gaeilge, Gàidhlig, Gaelg



Alba

Bruidhnidh 1.1%

Gàidhlig


Tha àireamhan bho Chunntas-sluagh na h-Alba 2011 a' sealltainn gum b' urrainn 1.1% (58,000) den t-sluagh Gàidhlig a bhruidhinn, beagan na b' isle na an 1.2% ann an 2001.

Èirinn a Tuath

Bruidhnidh 5.6%

Gaeilge

A rèir àireamhan Chunntas-sluagh Èirinn a Tuath 2011 thuir 10.6% (184,900) gun robh beagan Gaeilge aca agus thuirt 5.6% (97,680) gum bruidhneadh iad Gaeilge. Bha 93% dhiubh sin nan Caitligich agus 7% nam Pròstanaich.



Èirinn
a Tuath

Eilean
Mhanainn

Eilean Mhanainn
Bruidhnidh 2.1% Gaelg

Ann an Chunntas-sluagh Eilean Mhanainn 2011, thuir 2.3% (1,820) den t-sluagh gun robh beagan Gaelg aca agus thuirt 2.1% (1,660) gum bruidhneadh iad Gaelg.



Èirinn

Bruidhnidh 41.4% Gaeilge

Ann an Chunntas-sluagh na h-Èireann 2011 thuir 41.4% (1.78 millean) gum bruidhneadh iad Gaeilge, agus thuirt 14% (613,200) gum biodh iad ga cleachdadadh gach latha. Bhiodh 4.4% (187,830) a' cleachdadadh Gaeilge taobh a-muigh siostam an fhoghlaim gach latha no gach seachdain. Chaidh an àireamh iomlan de luchd-labhairt na Gaeilge suas 7% eadar 2006 agus 2011.

